



ALBA | CHRUTHACHAIL

Prògram Meantoraidh airson Bhreithnichean Gàidhlig

Gaelic Critics Mentoring Programme

Tha tagraidhean gan sireadh airson sgeama meantoraidd ùr airson bhreithnichean ealain le Gàidhlig

- **A bheil thu fileanta sa Ghàidhlig?**
- **A bheil thu air chomas a bhith nad breithniche ealain, ann an clò agus/no air an èadhar?**
- **Am bu mhath leat do sgilean a leasachadh tro sgeama meantoraidd pearsanta is saor an-asgaidh?**

Nach cuir thu a-steach airson a bhith nad phàirt de phrògram ùr Alba Chruthachail, a tha ag amas air cur ris an àireamh bhreithnichean ealain a tha ag obair sa Ghàidhlig.

Tha Alba Chruthachail ag aithneachadh gu bheil agus gum bi a' Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne agus beatha chultarach Alba. Tron sgeama ùr meantoraidd againn – le sàr-eòlaichean Mark Wringe (Àrd-òraidiche aig Sabhal Mòr Ostaig, breithniche ealain agus craoladair BBC) agus Pàdraig MacAoidh (bàrd le iomadh duais, breithniche agus neach-naidheachd) – bheir sinn taic do thriùir bhreithnichean a tha fileanta sa Ghàidhlig ann a bhith a' dèiligeadh ri obair-ealain na Gàidhlig ann an saoghail litreachais, theatair, ciùil no eile. Mar thaic a bharrachd, bidh seiseanan pragtaigeach le Claire Sawers (neach-naidheachd ealain neo-cheangailte: *The Times*, *The Herald*, *The Guardian*, *Resident Advisor*, *Haaretz* agus *The Wire*) a bheir sgilean agus cothroman do na breithnichean an cuid obrach a thaisbeanadh do luchd-deasachaidh airson choimiseanan clò agus craolaidh. San dòigh seo tha an sgeama ag amas air cothrom a bharrachd a thoirt do luchd-ealain is luchd-èisteachd na Gàidhlig air breithneachadh proifeasanta.

Bidh na prìomh raointean seo air an còmhachadh san sgeama:

Co-theagsa cultarach agus cànan – cùl-fhiosrachadh goirid acadamaeagach airson nan ealan Gàidhlig, ach am bi na breithnichean air chomas coimhead air obair ealain an latha an-diugh ann an co-theagsa iomchaidh a thaobh eachdraidh is cultair

Prìomh sgilean sgrìobhaidh do bhreithnichean – a' leasachadh phrìomh-sgilean airson a bhith a' dèiligeadh ri obair chruthachail ann an clò no air an èadhar.

Sgilean pragtaigeach deatamach do sgrìobhadairean ag obair air an urra fhèin – taisbeanadh agus lìbhrigeadh obair, aontachadh phàighidhean, sgrìobhadh do dh'ùrlaran digiteach agus sgilean airson dhreuchdan roinnte (*portfolio careers*) anns gach cuid Gàidhlig is Beurla

Le bhith ag obair le luchd-meantoraidd le sàr-eòlas is le com-pàirtichean sna meadhanan, bheir an sgeama **sgilean** agus **ùrlaran** do na breithnichean an cuid dreuchdan ann am breithneachadh ealain a leasachadh, tro phrògram sùbailte thairis air 9 mìosan ann an 2020. Chaidh am prògram a dhealbh airson a bhith ruigsinneach; gus cothrom a thoirt dhaibhsan a tha mar-thà ag obair air an urra fhèin, ge b' rith càite a bheil iad, le ìre de thaic cuideachd a thaobh bursaraidh is chosgaisean.

Airson cur a-steach

Airson cur a-steach cuir am fiosrachadh a leanas gu

alan.bett@creativescotland.com ro **5f air Dihaoine 31 Faoilleach 2020:**

- 2 eisimpleir de sgrìobhadh breithneachaidh/naidheachdais (co-dhiù 1 sa Ghàidhlig)
- cunntas-beatha goirid
- litir-còmhachaidh a' mìneachadh carson a tha thu a' sireadh àite air a' phrògram, le suas ri trì beachdan airson airtigealan a ghabhadh reic ri luchd-deasachaidh

Ma tha fiosrachadh eile a dhìth, cuir fios thugainn

- * Fosgailte do dh'aois sam bith, ach dhaibhsan aig a bheil barrachd air 5 bliadhna ag obair mar neach-naidheachd proifeasanta
- ** Tha am prògram an-asgaidh agus bidh ìre de thaic ann mu choinneamh bursaraidh agus chosgaisean

Applications are now open for a new mentoring scheme for Gaelic language arts critics

- Are you fluent in Gaelic?
- Could you be an arts critic in print and/or on air?
- Are you interested in developing your skills through a free bespoke mentoring scheme?

If so, apply to be part of Creative Scotland's new programme to enrich Scotland's pool of reviewers working in the Gaelic language.

Creative Scotland recognises that Gaelic is, and continues to be, an integral part of Scotland's heritage, national identity and our current and future cultural life. Through free professional mentorship - from experts Mark Wringe (Senior Lecturer at Sabhal Mòr Ostaig, arts critic and BBC broadcaster) and Pàdraig MacAoidh/Peter Mackay (award-winning poet, critic and journalist) - our new programme will develop three Gaelic-fluent critics to respond to work presented in the language across artforms such as literature, performance and music. In addition, through practical sessions with Claire Sawers (freelance arts journalist: *The Times*, *The Herald*, *The Guardian*, *Resident Advisor*, *Haaretz* and *The Wire*) these three critics will be provided with the skills and opportunities to pitch work to editors and be commissioned by publications and broadcasters. Our ultimate aim is to increase opportunities for Gaelic artists and audiences to access professional critical responses to creative work.

The scheme will cover the following key areas:

Cultural and language context – providing a brief academic background to Gaelic based arts, allowing the mentees to place current work within an historic and cultural context

Key critical writing skills – developing core skills in responding to creative work and delivering this through print or broadcast journalism

Practical freelance essentials – covering pitching and delivering work, negotiating fees, writing for online and managing portfolio careers both in English and Gaelic

By working with experienced mentors and media partners, the scheme will ensure that mentees will have the **skills** and **platforms** to develop their careers in arts criticism, delivered through a flexible programme over a 9-month period in 2020. The programme is designed with accessibility in mind; to fit with ongoing freelance careers, accommodate those in all locations and with a small bursary and expenses allocation.

How to apply

To apply for the mentoring programme please send the following information to alan.bett@creativescotland.com by **5pm on Friday 31 January 2020**:

- 2 samples of critical/journalistic writing (at least 1 written in Gaelic)
- a short CV
- a cover letter detailing why you would like a place on the programme, containing up to three generalised ideas for article pitches

Please get in contact if you need further information on the programme.

* There is no age restriction, but candidates should not have been employed as professional journalists for any longer than five years.

** The programme is free and will include a small bursary and expense allocation